

APS 1.83.69(1-5)

PAMPHLETS IN GAELIC.

THE FULNESS OF CHRIST.

LANACHD CHRIOSD.

NA ni sinn earbs' a' gleus-inntin agus faireachduin, 'n uair a dh' fhàgas iad sinn leagar sios an t-anam le diobhail misnic'h, ach ma ni sinn earbs' a' gcallannaibh Dhe nach caochail gu bràth, sin 'n uair tha sinn ceart, agus bheir ar inothachadh air gràdh neo-chaochlaideach Dhe d'ar taobh, air n-anamanna lasadh le gràdh bunailteach d'a thaobh-san.

'S e Criosd ar fireantachd a ta coimh-lionadh an lagha 'n ar n'aite, agus ar Slanuifhear a ta deanamh diolaidh airson ar peacaidh.

Tha bcatha ann an Iosa Criosd a bheothaichcas tu 'n uair is mairbhe agus is mi-shocraiche staid t-inntinn.

Ma thimchioll a staide do thaobh naduir tha'n creidmhi-each ag aidmheil, "Bha urrad olc an taobh a stigh dhiom sa urreann mi chumail, agus 'n-uair a fhuair c'n cothram thaisbein se e fein ann an gniomh."

A nochdadadh dhuit nach'cil smuaintean an duine nadurra ach olc an comhnuidh faic Gen. vi. 5. A nochdadadh gum bheil a blriathra olc faic Seumas iii. 6, 8. A nochdadadh nach'cil oibre ach olc faic Salm xiv. 3. Agus a nochdadadh dhuit nach'eil a smuaintean, a blriathra, agus a ghniomharra ach olc, faic Rom. iii. 9, agus mar sin sios.

Ni an neach a tha shuilean air am fosgladh, agus a ta faicinn truailleachd naduir an duine an aidmheil so, "Mar as mo m' colas air a chinne-daoin 's ann is soilleire ta mi faicinn co fior 's a ta na scriobtuirean, agus nach'eil an duine gne na's fearr na tha focal Dhe taisbeauadh.

Mar is spioradala ta neach's ann is mo leigeas e thaic ri Criosd.

Thecagamh gu bheil thu ullainh gus a radh, "Tha eagal orm nach leanabh le Dia mise, nam beadh cha bhithinn co mall agus co marbhanta; tha m' urnuighean fuar agus marbh, tha mi cho trom, agus cho neo-churamach fuidh orduighibh an t-soisgeil."—A dhuine; so an rathad a ta Dia 'gabhlail a chum do dheananmh neo-thoilichte leat fein, agus a thoirt ort do shuil a chumail air Criosd mar t-uile.

'Nuair a lotadh clann Israel leis na nathraiche teinnteach thu robh ac ach amhare air an ni a dh'aithn Dia dhoibh—

De sinn, air an nathair umha: mar so, feumaidh sinne 'ta aii
fir lotadh leis an t-seann nathair, an diabhol, amharc air
Criod amhain.

Thig a chum Iosa dh' fhaotainn maithleanais na d' pheacadh agus earb ri gairdein Criod a chum do pheacadh a chiosnachadh.

Na biadh eagal ort dealachadh ri ni air bith airson Criod; is e ana-creideamh a ta'g radh riut gum bheil barrachd toil-inntin, barrachd riarrachaidh, agus barrachd sonais ann an ni air bith eile no tha ann-san.

O
X 'N uair a chuireas Dia, na fhreasdal, dosgain air a chreidmheachl, 's ann leis an teachdaireachd so, " Falbh agus tarruing am peacach ud o ghradh an t-saoghal, agus thoin uaithe 'n cuspair ud do'm bheil e dol a dheanamh iodhoil."

Cha'n ann air son gun d' thugadh Dia gràdh dhuinn a ta sinn a' toirt umhlachd dh'a; ach airson gun ghràdhaich e cheana sinn; cha'n eil na'r n-umhlachd ach taingealachd.

Cha'n urra neach a bhi da rireadh iriosal ach esan a dh' fhairich trocair Dhe ann an Iosa Criod.

Tha FEIN mor na'r sealladh, agus, uime sin, Criod beag na'r beachd.

Tha iadsan a ta teachd beo gu riaghailteach agus gu sòlasach air Criod gach là a faireachdain am feum air, agus mar is mo ta ac'do ghràs, 's aum is mo 'ta iad a faireachdain am feum air.

Mar is mo dhearbas tu a Criod sann is mo dh' fhair'eas tu cia milis a' ni bhi fàs ann an co-chomunu ris.

Do reir tomhas ar n-eòlais oirn fein, tha ar gràdh do Criod.

X Ma tha Criod luachmhòr na d'shuilibh tha creideamh slainteal agad, oir dhoibhsan a chreideas tha e luachmhòr.

Cha nihor is fiach t-eisdeachd, no do leughadh, mar 'eü thu measgadh creideamh, agus urnuigh, maille ris an ni a ta thu leughadh, no'g eisdeachd.

Tha gniomh beusach, ma theid a dheanamh le spiorad crioduidh, air a thioundadh gu gràs neamhuidh.

X Tha barrachd gràidh aig Criod d'a shluagh fein na's urra cridhe smuainteachadh, agus tuille bheannachdan na's urra samhan a ghabhail.

'S ann a chionn nach 'eil sinn ag amharc nis bitheanta air Iosa ri h-am amhaghair, nach 'eil sinu ni's foighidniche agus ri's strìochdte.

X Cha'n eil am ann is mo a ta peacach a' glòrachadh Dhe

na'n uair a ta e cur earbsa gu *h-romlan* ann an Criosd.

Na h-eisd ris na their do chridhe riut mu thimchioll Chriosd; no idir ris na their ana-creidimh, agus fear-mhealadh nam braithre; ach faic ciod a ta'n t- Athair ag radh uime.

X Thoir do nithe maith gu Criosd, coimhidh se iad; thoir do dhroch nithe chuige, leighisidh se iad. Ciod air bith fonn-iuntiu anns am bheil thu na sgaradh ni air bith thu o Fhear do ghràidh. Tha fios acasan a fhuair edlas air nach b'aithne dhoibh riamh fior shonas gus an d' fhuair iad sealbh airsan.

+ Ciod air bith air son am bheil thu ri bròn, O dean bròn air son do chridhe cruaidh ana-creidmheach, theirig gu fuil a chrathaidh leis; 's e creideamh ann an Criosd an t-aon ni a thaisicheas e.

Cha'n-eil cridhe tha taingeil nach 'eil mar an ceudna subhach; tha gairdeachas agus taingealachd do ghnadol cuideachd.

Mar is mo ar co-chomunn ri Criosd 's ann is mairbhe tha sinn do'n pheacadh.

Cha'n-ionnan Criosd idir's a ghrian gheamhlàidh, nach dean ach solus a thoirt; 's ann tha e coltach ri grian earraich; tha e blàsachadh, agus ag ullachadh ar cridhe, agus a' toirt air toradh briseadh a'mach.

Ged tha fein-aicheadh na ui ro dheacair, gidhcadh tha gach ni comasach do Dia, mar is maith a ta fios aig a chreidmheach; an ceart chumhachd a cheus thu do'n tsaothal, censaidh e'n saoghal dhuit.

'Nuair a dh'eireas Criosd air an anam, teichidh gach faoineis mar sgaile; tha coimhlion reul san latha's a ta san oiche, ach tha ghrian ga'n car uile as an t-sealladh.

Mar is dluithe għluaiseas tu maille ri Criosd, 's ann is mo do slith, agus is soilleire chi thu gun d'fhuair thu trocair o Dia.

Cha'n-eil neach a thainig gu Iosa Criosd a bheir fuath do lagh Dhe;—is toigh leis gach ni a ta e 'g aithne.

Mar is spioradala ta neach's ann is mo tha e faicinn oibreachadh a pheacaidh.

Buinidh e do nadur an duine, ni h-e amhain a bhi aineo-lach air Dia, agus air nithe Dhe, ach mar an ceudna a bhi 'n comhuidh clionaadh uatha.

Crath fuil Chriosd as ùr air do choguis gach latha; saoraidh so thu, ni h-e amhain o chiont' a pheacaidh, ach mar an ceudna o għraddha a pheacaidh.

P 'S e so veacadh is mo air fad d'am bheil ~~sun~~ ciontach

nach gabh sinn ris an ioc-shlaint a tha Dia gu saor a'tairgse dhuinn.

Ann a d'cho-luadar lathail ri peacaich bhochd, a ta sgriobhadh nithe searbh nan aghaidh fein, O seol iad gu focal Dé, agus gu obair Chriosd.

'Nuair a chi sinn dosgain tha sinn ullamh gu geilt a ghabhail, ach cha'n'eil fios again co torrach's a ta iad le beannachdaibh.

Cha bhiodh gu bràth slighe ann a chum an Athar mar d' thigeadh Iosa Chriosd san fheoil; neach is e'n t-slighe.

Am bitheantas'n uair a ta ni-eigin annrach an leth a mach, no ni-eigin ro dheuchainneach an leth a stigh, deon-aichidh Dia 'flurtachd d'a phobull fein; 's ann a sin is mo tha dh'fheum ac air.

X 'N uair a chuireas Dia creideamh neach anns an teine, cha 'n-ann gu cur as d'a, ach gus a dlearbhadh agus a leasachadh.

'S e crann-ceusaidh do chuibhionu ma's e crun do dhuais.

Far am bheil Chriosd cha dean crann-ceusaidh dochann; ach tha leasachadh agus beannachdán a dlu leantuinn a chroin-cheusaidh, 'n uair a tha esan a ta ga ghiulan a' dhu leantainn ris an Tighearna.

O! cia suarrach ar fulangais 'n uair a theid a ghloir a ta gu bli air a foillseachadh a choimeas riu!

+ Mar is mo dh'phasas an creidmheach a *mach* as fein ' sann is mo dh'phasas e *stigh* ann 'n Chriosd,—mar is mo dh' fhuathaicheas se e fein, 's ann's mo ghradhaicheas e Chriosd,—mar is lugha earbs' as fein 's ann is mo earbs' a Chriosd; mar a dh'eireas aon cheann na meidhe, islichear an ceann eile.

Mar is mo ta'n creidmheach a' teachd beo air Chriosd's ann is mo ta Dia air a ghlorachadh.

∅ "Cha'n'eil" ars' thusa, "cha'n'eil tol agam dol do dh Ifrinn;" cha'n'eil achi tha thu air an *t-slighe*, am feadh a ta thu cur cul ri Chriosd!

+ Tha'm fior chriosduidh a' folach a ghràsan mar le sgail; cha nochd e ach ainmnic iad; agus 'n uair a ni e' nochdadh, tha e guidhie gun cumadh Dia e iriosal, agus gun tionndadh e mach a chuin a ghloire fein.

'S iomadh aon a thogas fianuis nach d' thug Dia riagh beannachadh aimsireil o aon d'a phobull fein, gun bheannachadh spiriodail a thoirt na aite.

Cha'n'eil comain air an *t-saoghal* a cho-eignicheas neach cosmhuil ri gradh Chriosd: O! ciod nach d' thoir é air neach òceanamh! 'S e gloir an *t-soisgeul* gum bheil e nasgaidh

dhnash nach'eil iad nis dealraiche; 's e so an t-aobhar gum
heil iad a' las meirgeach.

Is e Criosd a shoillsicheas, a bheothaicheas, a neartaicheas,
agus a naoimhaicheas; 's e so 'n rathad air an d' thoir o
phobull gu neamh.

"Bheir an Spiorad Naomh" ars' ar Slanui'ear "na h-uile
uithe gu'r cuimhne;" feudaidh sibh cuimhn'a bhi agaibh
orra mar chreutairibh riasanta, ach cha'n urra sibh an cuimh-
neachadh le tairbhe as eug'ais an Spioraid.

Is e an neach is mo ta teachd beo air Criosd is ullaichte
chum coinneamh a thoirt do'n bhas ge be uair a thig e.

"Is mise an Tighearna bhur Dia,"—co luath's a ta
dearbhbheachd agad air so bheir thu gradli do na deich
aitheantaibh, ach gus a sin cha d'thoir.

Tha'n duine nadurra toirt umhlachd do reachd Dhe a
chum gun rachadh a thearnadh, tha'n creidmheach a' toirt
umhlachd, do bhri gun *deach a thearnadh*.

Feumaidh tus agus mise, cha'n e amhain amharc air
Criosd, agus ciatamh a ghabhail deth, ach feumaidh sinn
greim a dheanamh air agus a mhealtainn.

Gu ma fada robh e uaine focal a labhairt an aghaidh sòl-
asaibh spioradail: tha iad ro mhaith 'n uair a ta iad air an
steidheachadh air focal De—'n uair nach'eil cha'n'eil annata
ach saobbh-bharailean.

Oh bhraithre! ciod air bith a *ni* sibh thugaibh an aire *nach*
dean sibh bhur taic a leigeadh air ni air bith ach air focal De:
's e so 'bheir d'ar n-ionnsuidh sòlasan fior,—sòlasan tarbhach,
—sòlasan naomha,—sòlasan buan,—sòlasan siorruidh.

Mar is mo t-eolas air Criosd's ann is mo do ghradh dha,
agus is mo do ghrain diot fein.

Earb moran ri Criosd agus bithidh mor-aobhar agad a
mholaadh.

Cha'u'eil ni a ta eagalach agus uamhasach nach'eil an
crochadh o's do cheann mar d'thainig thu gu Criosd.

Tha cheart ghradh an cridhe Chriosd a nis, a bha na
chridhe 'n uair a bha e air a thairneachadh ris a chramm
cheusaidh: ged dl' atharraich e'ite agus a staid, tha cridhe
gun mhughadh.

Cha'n fhaigh neach saor o urrad is *aon pheacadh* gu bràth
ich le flaicinni, an tùs, gun d' thug Uaigh De air falbh ciont'
a pheacaidh, agus a ris, le earbsa dheanamh as a ghairstein
Uile-chunihachadhach, a chum am peacadh a chiosnachadh
sons a cheusaidh

annta fein; cha'n'eil ni a ta thu faireachdain annad fein nach bu choir do chur a chum Chriosd.

" Tha mo bheatha agus gach ni thainig orm air taobh Adhaimh buailteach do'n bhàs, tha beatha uam ris nach urra bàs beautuinn." — *Tha bheatha so ann'n Chriosd.*

Tionndaidh e na h-uile nithe gu beannachdaibh—tionndaidh e beannachdan aimsireil; seadh, agus *truaighean* aimsireil, gu beannachdaibh spiriodail.

Cha'n ann a chum gun cluinnte e amhain ata focal De air a shearmonachadh, ach a chum gun *creidte* e mar an ceudna. " Ciod ris am bheil agam ri amharc a chum gum biodh mo chaithé-beatha naomha, mo chridhie ait, agus mo choguis an sith?" —ri lanachd an Ti anns am bheil na h-uile lanachd a' gabhail comhnuidh.

Thug Dia'Mhac—carson? A chum nach iachadh an creidmheach am mugha airson a pheacaidhean, ach gun sealbhaicheadh e'bheatha mhaireannach, air sga fireanteachd Chriosd.

Iarr a bhi fàs ann an creideamh, agus iarr ann an rathad Dhe e—asluich a bheannachadh an co-lorg nan sgriobturi,—eisd riù,—leugh iad,—beachd-smuainich orra.

Cha'n'eil peacadh ann cosmluil ri ana-creideamh; 's ann ann a ta nimh nan uile pheacana a th'air an t-saoghal.

" A' deanamh earbs' a *fuil Iosa*," ars' an creidmheach " tha mi fiosrach nach d' theid mi chaoidh 'mugha,—a' deanamh earbs' a *fireantachd* Iosa tha mi beachdai gun sealbhaich mi'bheatha mhairionnach."

" Leanaidh mi ri m' pheacanna, 's gabhaidh mi ris a bhàs agus ri h-Ifrinn 'n uair a thig iad." — Shaoileadh neach nach labhradh duine na cheill air a mhodh so; gidheadh is i so cainnt na' muinntir a ta dol air an aghaidh ann am peacadh.

Cha'n e eisdeachd anhain, ach a bhi deanamh earbs' a Chriosd, 'n uair a ta sinn aig eisdeachd, a bheir d' ar n' ionnsuidh am beannachadh.

Tha sinn, do thiaobh naduir, na leithid do chor's nach dean sinn, aon chuid, comhmadh Chriosd iarruidh, no'ghabhadh!

'S ann do bhri nach'eil iad a' gluasad mar tha Dia ie 'spiorad ag aithne na Fhocal a ta criosdaidhean aigimeachd ann an dorchadas, agus a tuisleachadh 's a tuiteam.

Ma leigeas sinn-dinn creideamh a chleachdadh, cuiridh sinn nithe spioradail fad uain, agus fendar a radh gur h-ann a ta sinn ag amharc orra, 's cha n-ann ga'n sealbhachadh.

'S ann do bhri uach'eil sinn a' cleachdadh ar gràsan lo

Cha'n'eil rathad ann gus a choguis a chur na tosd—cha'n'eil doigh ann air a chridhe naomhachadh,—cha'n'eil inn-leachd ann air a chuid is fearr fhaotain do 'n pheacadh is lugha ach dol a chum Iosa.

Cha'n'eil ni a dh'aithn Criosd d'a phobull a dheanamh nach do gheall e dhoibh gràs a chum a dheanamh.

Mar is mò chreidear an soisgeul 's ann is aillidh a chithear Dia, agus is duachnidh chithear am peacadh.

Cha d' toir thu gu bràth gradh do Dhia gus am faic thu e air a dheanamh réidh riut ann an Criosd.

Ciod a ta deanamh aon chriosduidh nis fearr na aon eile? Tha gum bheil e nis iriosaille na shuilibh fein, agus nis deigh-eile air Dia ghlorachadh; mar so ta e faotain barrachd grais, oir do'n iriosal ta Dia toirt tuille gràis.

Mar is mo do chreideamh ann an Dia 's ann is mo do ghradh dha; agus mar is mo do ghradh dha 's ann is mo do mhiann a bhi cosmhuit ris.

Ged tha Dia smachdachadh a chreidmhhich cha'n'eil ach caomh throcair, agus gradh neo-chriochnach na chridhe d'a thaobh.

Tha creidmhhich air an suidheachadh ann an Criosd, agus a reir 's mar a ta iad air tèladh ris an stoc tha iad a giulan toraidh.

Na fosgail am Biobul air am sam bith gun urnuigh ghoirid a chur suas.

Tha'n creidmheach a' feitheamh air ordraighean an t-soisgeil a chum 's gum faigheadh e tuille eolais air Criosd—a chum 's gum faigheadh e tuille uaithe, agus gun deanadh e tuille earbas' as. 'S e'n la 's mo dh'earbas tu a Iosa an la 's sona do d' bheatha.

Is criosduidh an neach a gheibh aobhar urnuigh agus molaidh anns na h-uile nithe.

Cha'n'eil na'r staid air thalamh ach staid chogaidh, agus 's e FEIN ar namhaid is mo.

Tha'n creidmheach air a thoirt gu faicinn gum bheil e-na pheacach truagh caillte, tha e uime sin a' teachd beo air gràs an comhnuidh.

Am bheil thusa fàs ann an gràs? ma tha, tha thu fàs ni's lugha agus ni's lugha'nad 'shuilibh fein.

"Ciod a th' agadsa nach d' fhuair thu?" agus mar d'inn thu ach na thugadh dhuit a ghabhail, ciad anns am bheil agad ri: uailt a dheanamh, ach a' fialuidheachd an Ti a thug?

Tha daoine ann a ta'n comhnuidh 'gearan air ni cigrì

S e miann a chreidmhhich gum biodh e gach la a' toirt fuath do gach nì is fuathach le 'Shlanuifhear ionmhuiinn, agus a' toirt tuille graidh do gach ni d'am bheil a Shlanuifhear a' toirt graidh.

'S e 'm peacadh a thug uainn ar fireantachd, agus a rinn peacaich dhinn—'s e 'm peacadh a thug air falbh beatha, 's a thug a steach bàs—'s e 'm peacadh a thug uainn bean-nachadh Dhe, 's a thug oirn a mhallaichd.

Chaidh an t-ain-fhiach iarraidh—rinn Criod dioladhd.—Dh' iarr Ceartas riarachadh—rinn Criod làn riarachadh a thabhairt !

Fircantachd—naomhachd—huanachadh annu a gras—an 'sheatha mhairionnach,—huaidh air peacadh, air bàs, agus Ifinn; tha na sochairean so uile gu saor air an gcalltuinn do phcacaich bhochd ann an Criod.

'S e toradhl a chreidimh a ta air a stcidhleachadhl air focal De, agus a ta gabhail ri firinn Dc do thaobh a Mhic, beatha spioradail, solas spioradail, buaidh spioradail steidh ann am focal De cha'n'eil ann ach gu agus 's e'n toradh a bheir e mach fein-mhealladhl agus cùthach.

Mar is faid a leughas tu 'm Biobul 's ann is fearr a thaitneas e riut, bidh e fas ni's millse agus ni's millsc; agus mar is fearr a thugeas tu spiorad a Bhiobull, 's ann is fearr a thuigeas tu spiorad Criod.

Mar is mo 'leughas tu 'm Biobul—mar is mo chnuasaicheas tu e, agus a ni thu urnuigh os a cheann, 's ann is fearr a bheir thu "airc dha mar do sholus a shoillsich an dorchadas."

Gabhadh neach am Biobul, agus druideadh e Criod a mach as, agus ni e leabhar dorcha da-rireadh dheth—mar dhorchadas na h-Eiphit.

Is mor am beannachadh a bhi air ar deanamh so-theagaing, agus air ar cumail mar sin. 'S e focal Dc, ann an laimh an Spiorad am meadhon a shoillseachadh agus a bheothachadh pheacach, as eugais Criod cha-n eil ann ach dorchadas agus bàs.

GLASGOW.

*Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,
For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their
Depositories, 158, Trongate, and 99, Buchanan Street.
And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depository,
6, East Register Street.*

18-7-29

